

Duilleag Fiosrachaidh 4

NALOXONE


Dè th' ann an
Naloxone?

'S e Naloxone cungaidh-leighis as urrainn droch-bhuaidh nan drogaichean opioid, leithid heroin no methadone, ìocadh. Tha e na leigheas ciad-fhuasglaidh a chaisgeas buaidhean nan drogaichean opioid gu sealach agus faodaidh duine sam bith a thoirt seachad gu laghail.¹ Chan eil e na chunnart idir don neach a tha ga thoirt seachad.

Le seo, nuair a tha neach air tar-dhòs de dh'opioid a ghabhail, dh'fhaodadh Naloxone a bhith air a chleachdadh gus analachadh ath-àbhaisteachadh an ceann mhionaidean an dèidh leigheas fhaighinn. 'S urrainnear a thoirt aon

chuid tron t-sròn le steallaire chuinneanan (roghainn as fheàrr ri linn fasaid riarachaidh), no 's urrainnear a thoirt le ann-stealladh do chuislean no fèithean neach.

Drug-related deaths in Scotland



Bàsan co-cheangailte ri drogaichean ann an Alba

Tha Naloxone air a bhith ga chleachdadh ann an dùthchannan

Adhbhar

Tha rùn aig a' Phlana Poileis Ro-innleachdail air obair-phoileis ullachadh airson Alba a dhèanamh sàbhailte, dìonta is seasmhach. Le seo, feumar seirbheisean a dhealbhadh 's a ghlèidheadh gus an tig iad suas ri iarrtasan a bhios a' dol am meud 's ag atharrachadh ann an àrainneachd chaochlaideach. Gus tighinn suas ris na h-iarrtasan seo an-dràsta agus san àm ri teachd, feumaidh seirbheis poileas na h-Alba dèanamh suas agus gabhail ri dòighean obrachaidh, poileasaidhean is teicneòlasan ùra a bheir comas dhaibh sàbhailteachd is deagh-chor ar coimhearsnachdan a dhìon (mar a rinneadh iomradh ann am Prionnsabalan Obair-phoileis - Earrann 32 de dh'Achd Ath-Leasachadh a' Phoileis is Luchd-smàlaidh (Alba) 2012).

Chaidh an sreath seo de dhuilleagan fiosrachaidh, a tha air an amas don phoball agus furasta a chleachdadh, a dheasachadh gus sealladh a thoirt air na buannachdan aig dòighean obair-phoileis ùra agus aig leasachaidhean a tha ri thighinn, na poileasaidhean a bhios gan riaghladh, agus dè tha seo a' ciallachadh a thaobh chòraichean eiticeil, prìobhaideachd is daonna.

¹ <https://bnf.nice.org.uk/drug/naloxone-hydrochloride.html>

eile, leithid Èirinn a Tuath far a bheil seirbheis nan ambaileansan air a trèanadh gus an droga a thoirt seachad bho 2017². 'S e Alba a' chiad dhùthaich san t-saoghal gus prògram Naxolone Nàiseanta a chur air bhonn, agus fhuair e maoinachadh bho Riaghaltas na h-Alba bho 2011 gu 2016.

Chaidh £1 millean a riarachadh don iomairt nàiseanta.

Bha am prògram seo na chomharra de ghluasad brìgheil bho dhòigh-dhèiligidh sa bheilear a' meas mì-chleachdadh dhrogaichean mar chùis eucoir gu bhith gam meas mar chùis slàinte poblaich. Leig e cuideam air an rùn aig Alba coinneamh a thoirt don cheangal àraidh aice ri drogaichean le freagairt dhìreach, co-fhulangach.

An lorg seo, thòisich mòran chomhairlean Albannach air Naxolone a ghabhail a-steach do na poileasaidhean aca. Thug Comhairlean Obar Dheathain³ is Shruighlea⁴ trèanadh do mhòran den luchd-obrach aca airson Naxolone a thoirt seachad. Thathar a-nis a' lìbhrigeadh na cungaidh do aonadan dhaoine gun dachaigh Ghlaschu⁵; agus fhuair pròiseact 'Take Home Naloxone' ann an Dùn Dèagh moladh airson oidhirpean air an cron co-cheangailte ri mì-chleachdadh dhrogaichean a lùghdachadh⁶.

² <https://www.bbc.co.uk/news/uk-northern-ireland-51179028>

³ <https://news.aberdeencity.gov.uk/council-staff-to-be-able-to-administer-medicine-to-counter-suspected-drug-overdoses/>

⁴ <https://my.stirling.gov.uk/news/2020/december-2020/council-approves-life-saving-first-aid-training/>

⁵ <https://www.glasgowlive.co.uk/news/glasgow-news/glasgow-council-drug-deaths-naloxone-17064854>

Carson a chleachdar Naxolone ann an obair-phoileis?

Thar nam 20 bliadhna a dh'fhalbh, chunnaic Alba meudachadh sa chron shòisealta co-cheangailte ri cleachdadh dibhe is dhrogaichean. Dh'èirich an àireamh de bhàsan co-cheangailte ri drogaichean an 2020 le 5% an coimeas ris a' bhliadhna roimhe (1,264 an 2019 gu 1,339 an 2020)⁷. Bha ceangal aig 87% de na bàsan seo ri tar-dhòs opioid. Tha am figear seo a' riochdachadh an àireimh as àirde bho thòisich clàran ann an 1996, agus tha e a dhà uiread dhen mheud bhàsan 10 bliadhna ron sin (an 2009, chaidh 545 bàsan co-cheangailte ri drogaichean a chlàradh⁸).

Gu h-iongantach, dh'èirich bàsan le ceangal ri cleachdadh heroin is moirfin chun nan àireamhan as àirde fhathast ann an 2019. Tha mòran dhaoine air freagairt slàinte poblaich iarraidh air "càs" cleachdadh dhrogaichean na h-Alba gus dèiligeadh ris a' ghnothach seo a tha a' sìor-fhàs draghail⁹. San Iuchar 2019, stèidhich Riaghaltas na h-Alba Feachd-gnìomha do Dhrogaichean Bàsmhor gus dèiligeadh ris an àrdachadh bhàsan.

⁶https://www.dundee.gov.uk/news/article?article_ref=3876

⁷<https://www.nrscotland.gov.uk/files//statistics/drug-related-deaths/2019/drug-related-deaths-19-pub.pdf>

⁸<https://www.nrscotland.gov.uk/files/statistics/drug-related-deaths/drd2009/j1206604.htm>

⁹<https://publications.parliament.uk/pa/cm201919/cmselect/cmselect/44/44.pdf>



Acainn steallaire-sròine Naloxone

An lorg seo, ghairm Poileas Alba Buidheann-stiùiridh Lìbhrigeadh Naloxone air 12 Màrt 2020. Tha am Buidheann ag amas air freagairt dhìreach ris a' mheudachadh ann an taran-dhòs clàraichte de dhrogaichean opioid agus tuigse fhaighinn air na buannachdan coimhearsnachd nuair a bhios Naloxone ga ghiùlan air an t-sràid le oifigearan-poileis.

Cur-an-gnìomh is cleachdadh Naloxone le Poileas Alba

Thòisich Poileas Alba air oifigearan a thrèanadh sa Mhàrt 2021 agus theann sinn ris a' chleachdadh pìolait sa Chèitean 2021. Rè na h-ùine pìolait 6-mìosan, bidh oifigearan san Eaglais Bhric, Dùn Dèagh is Glaschu an Ear a' giùlan acainnean steallaire-sròine a thoirt do dhaoine a ghabh tar-dhòs aig àm cleachdadh dhrogaichean opioid, rud a dh'fhaodar comas a thoirt dhaibh air

am beatha a shàbhaladh. Leigidh am pìolat seo le Poileas Alba measadh iomlan a dhèanamh air dè an tairbhe a dh'fhaodadh a bhith an lùib oifigearan sràide acainneachadh le Naloxone.



Dòigh-ghiùlain Naloxone le oifigearan Poileas Alba

Thèid oifigearan oideachadh gus comharran tar-dhòis aithneachadh gu h-èifeachdach, agus an steallaire-sròine a thoirt do dh'fhuilangaich. Bha grunn thuiteamasan soirbheachail ann bho thòisich an deuchainn a tha airidh air iomradh. Air Disathairne 27 Màrt 2021, thug constabal speisealta saor-thoileach à Poileas Alba dà dhòs dhen steallaire-sròine do chuideigin a bh' air tuiteam na chlod 's a bha fo amharas tar-dhòsaidh¹⁰. Chaidh an t-euslainteach tar-dhòis a leigeil às an ospadal dà latha an dèidh sin.

¹⁰ <https://www.scotland.police.uk/what-s-happening/news/2021/april/volunteer-police->

[scotland-officer-saves-a-life-after-naloxone-training/](https://www.scotland.police.uk/what-s-happening/news/2021/april/volunteer-police-scotland-officer-saves-a-life-after-naloxone-training/)



Oifigear Poileas Alba a' giùlan Naloxone

Fhuair Comataidh Cùisean Albannach Taigh nan Cumantan fianais a bha a' làn-dhearbhadh nach robh anns an dòigh-dhèiligidh an-dràsta, sa bheil drogaichean gam meas na chùis eucoir ach dòigh-dhèiligidh gu tur neo-thairbheach¹¹. Seach sin, mhol mòran dhaoine gum bu chòir Alba a bhith deònach fuasglaidhean innleachdach stèidhichte air fianais a chur an gnìomh airson dèiligidh ri mì-chleachdadh dhrogaichean¹².

A-rèir Fòram Dhrogaichean na h-Alba, tha staitistigs Riaghaltas na h-Alba ag ràdh gu bheil mu thuaiream 56,000 duine aig a bheil duilgheadas le drogaichean opiates (mar as trice, heroin) no benzodiazepines (drogaichean samhail valium) ann an Alba¹³.

¹¹<https://publications.parliament.uk/pa/cm201919/cmselect/cm Scotaf/44/44.pdf>

¹² Dickie E et al. Grad-sgrùdadh air fianais aithriseach mu bhàsan co-cheangailte ri drogaichean: A' cumail daoine sàbhailte. Dùn Èideann: NHS Slàinte na h-Alba; 2017

Dè na barantasan sàbhailteachd a tha suidhichte?

Tha dleastanas cùraim air Poileas Alba airson gach sìobhaltach nar dùthaich. Nuair a smaoinich air feadhainn a tha feumach air ciad-fhuasgladh èiginneach, tha Poileas Alba ag aithneachadh gu bheil sùil aig a' phoball ris agus uallach oirnn beatha a shàbhaladh.

Bho sheasamh chòraichean daonna, gheibhear 'Còir-bheatha' aig Alt 2 de Chunnradh Chòraichean Daonna agus Achd nan Còraichean daonna Eòrpach 1998. Le bhith a' dèiligeadh ri cron sòisealta bho sheasamh chòraichean daonna, bu chòir dhuinn aithneachadh gur e freagairt ciad-fhuasglaidh a th' ann airson beatha a ghlèidheadh nuair a bheir oifigear Naloxone do dhaoine a ghabh tar-dòs.

Gheibhear mion-chunntas air an dleastanas laghail seo ann an Achd Ath-leasachadh a' Phoileis is Luchd-Smàlaidh (Alba) 2012.

Ann an Earrann 32 'prionnsabalan obair-phoileis' – 'S e prìomh-adhbhar obair-phoileis sàbhailteachd is deagh-chor dhaoine, sgìrean is coimhearsnachdan a leasachadh ann an Alba; agus ann an Earrann 20 'dleastanasan coitcheann' – Tha dleastanas air constabal eucoir a bhacadh 's a lorg; riaghailt a ghleidheadh; agus beatha is earras a dhìon.

¹³ <http://www.sdf.org.uk/wp-content/uploads/2019/05/SDF-Scot-Aff-Com-Problem-Drug-Use-in-Scotland-Apr-2019-SDF-Response.pdf>

An-uiridh, dh'iomraich am Ministear airson Slàinte Poblach, Joe Fitzpatrick BPA; "Air feadh Alba, agus 's dòcha ann an sgìrean dùthchail gu h-àraidh, 's e am poileas a' chiad fheadhainn a bhios a' tachairt air cuideigin a tha a' fulang le tar-dhòs"¹⁴.

Tha Buidheann Slàinte na Cruinne ag ràdh; "bu chòir do dhuine sam bith buailteach dèiligeadh ri neach as dòcha a ghabhadh tàr-dhòs Naxolone a ghiùlan" agus liostaich iad am poileas mar aon de na seirbheisean èiginn a tha buailteach dèiligeadh ri neach den t-seòrsa seo.

Mhol Cathraiche Feachd-gnìomha Dhrogaichean Bàsmhor Riaghaltas na h-Alba, an t-Ollamh Catriona NicMhathain, am pìolat Test of Change; "Mo bheannachd air Poileas Alba airson rùn adhartach agus deagh gnìomhan ann an dèiligeadh ris na h-ìrean uabhasach de bhàsan co-cheangailte ri drogaichean ann an Alba"¹⁵.

Barantas do shìobhaltaich

An dèidh na deuchainn, nì buidheann de dh'èolaichean neo-eisimeileach à Oilthigh Napier Dhùn Èideann is Oilthigh Chailleannach Ghlaschu measadh iomlan. Bheir na modhan stiùiridh agus aithrisidh aig a' phrògram deuchainn cothrom air measadh phròiseasan agus cuir-an-gnìomh. Le cruthachadh stèidh fianais làidir airson èifeachd nan deuchainnean pìolait Naloxone a dhearbhadh, 's urrainn an SPA

¹⁴ <http://www.sdf.org.uk/positive-noises-being-made-towards-scottish-police-officers-carrying-naloxone/>

beachdachadh gu cùramach an uairsin air an tèid an leudachadh no nach tèid.

Sùil air adhart

Tha rùn aig Poileas Alba fhathast air sàbhailteachd is deagh-chor slugh na dùthcha a leasachadh. Mar a chithear gu soilleir leis a' mheudachadh às ùr ann am bàsan co-cheangailte ri drogaichean, feumar atharrachadh a thoirt air an dòigh sa bheilear a' dèiligeadh ri cron co-cheangailte ri drogaichean.

Chan fhuilear do bhuidhnean poblach, gu h-àraidh luchd-freagairt na sràide, smaoinichadh air dòighean ùr dèiligeadh ris a' chàs seo.

'S e dian-fhreagairt a th' anns a' phròiseact Naloxone a chuireadh gu deuchainn le Poileas Alba ris na chaidh mìneachadh leis an riaghaltas mar 'cùis-èiginn slàinte a' phobail'.

Le bhith a' gabhail ceumannan iomchaidh airson cron a lùghdachadh gus dèiligeadh ri mì-chleachdadh dhrogaichean, dh'fhaodadh am pròiseact pìolait a bhith mar chaibideal ùr san dòigh sa bheil Alba a' làimhseachadh nan ceanglaichean aice ri drogaichean.

Tuilleadh leughaidh

¹⁵ <https://www.scotland.police.uk/what-s-happening/news/2020/december/partnership-funding-facilitates-officers-for-police-scotland-naloxone-pilot-project/>

Seo barrachd fiosrachaidh air
[Buidheann-stiùiridh Test of Change](#)
[Naloxone](#)aig Poileas Alba.

A' cumail cluas ri claisneachd

Gus cumail suas ri ar n-obair, cùm
sùil air [làrach-lìn](#) Ùghdarras Poilis na
h-Alba far an urrainn dhut pàipearan
fhaighinn agus coimhead air
deasbadan comataidh air an
sruthadh beò, agus lean rinn air
Twitter:

@ScotPolAuth @policescotland

Ceann-là foillseachaidh: Dàmhair
2021